



Aodainn

Le Maoilios Caimbeul

Chan eil leabhraichean ann
Mar leabhraichean nan aodann,
A h-uile fear na stòraidh sgrìobht':

Cuid dhiubh domhainn, dàna,
Cuid dhiubh làn de ghàire,
Cuid eile laghach, sàmhach,
Cuid a' teannadh thugad,
Is cuid a' falbh thar fàire,
Is cuid le cràdh ri aithris.

Litrichean nan sùl
A' danns air oir na duilleig,
's an sgeulachd ga sgrìobhadh
's a bheatha dol seachad;
Duilleag eile an-diugh,
Tè airson gach latha,

Leabhraichean brèagha nan aodann,
Leabhraichean àlainn nan daoine –
Àrd-sgrìobhaidhean an t-saoghail.